



## Biadhlan

Gabh tlachd is fois ann an cafaidh an teaghlach againn, an t-àite as fheàrr buileach airson lòn no cafaidh no tì an fheasgair a ghabhail.

**UAIREAN-FOSGLAIDH**  
10m gu 5f.

Air làithean-gnothaich (Dimàirt gu Diardaoin, nuair a bhios a' Phàrlamaid na suidhe), tha a' bhialhann fosgailte bho 8.30m gu 6.30f. Tha na h-òrdain mu dheireadh ann cairtean na h-uarach ro àm-dùnaidh.

## Bùth

Tha raon sgoineil de bhrod nan òidhlaicean, nan soithichean, a' bhidhe agus de dh'obair-aodaich againn. Seo an t-aon àite far an urrainn dhut Breacan Oifigeil Pàrlamaid na h-Alba a cheannach.

**UAIREAN-FOSGLAIDH**  
10m gu 5f.

Air làithean-gnothaich (Dimàirt gu Diardaoin, nuair a bhios a' Phàrlamaid na suidhe), tha a' bhùth fosgailte gu òf.




Deasg an Fhiosrachaidh	Fàgail Bhagaichean	Togail Bhagaichean
Bùth	Biadhlan	Crèche
Badan / Biathadh Leanaban	Locairean	Fuara-uisge



## Fiosrachadh mu Ruigsinneachd

Tha raon ghoireasan againn do luchd-tadhail, taigh-beag Changing Places, ionad nam badan, lùban-claisneachd agus innealan-cinn meudachadh-gutha airson an t-Seòmair agus nan Comataidhean nam measg. Airson barrachd fiosrachaidh, nach fhaighnich sibh aig Deasg an Fhiosrachaidh anns an Talla Mhòr.



© SPCB 1st edition, December 2019

Air a chlà-bhualadh anns an RA air pàipear air a dhèanamh le gladhan à coiltean air an rianachd gu cùramach, a ghabhas ath-chuartaich gu h-iomlan.

LC20679 - 12/19 - 0.000



The Scottish Parliament  
Pàrlamaid na h-Alba

## Mapa



Fàilte | Welcome | Bienvenue  
Willkommen | Benvenuti  
Bienvenido | 欢迎

Iarr fios air luchd-obrach Sheirbheisean Luchd-tadhail mu nas urrainn dhut dèanamh an-diugh.

Faodaidh tu coimhead air gnothach na Pàrlamaid anns an t-Seòmair no ann an Seòmraichean nan Comataidhean. Nuair nach eil a' Phàrlamaid na suidhe, thig air fear de na tursan againn, fad uair an uaireadair agus saor 's an-asgaidh, a sheallas dhut barrachd de thogalach na Pàrlamaid agus a mhinicheas obair na Pàrlamaid. Faodaidh tu cuideachd coimhead air na h-àiteachan poblach leat fhèin.

Tha sinn an dòchas  
gun còrd an turas agad riut.

Cumaibh suas ris na tha a' tachairt ann am Pàrlamaid na h-Alba aig [www.visitparliament.scot](http://www.visitparliament.scot)





### Ceòl nan Salm

Le glainne agus ceòl a' tighinn còmhla, tha an ìomhaigh seo na riochdachadh den fhaireachdainn a tha an lùib a' chiùil.

### Taisbeanadh na Pàrlamaid

Tha an taisbeanadh againn a' mìneachadh àite is eachdraidh na Pàrlamaid agus mar a thèid aig saoranaich na h-Alba air dol an sàs innte.




### A' Siubhal an Astair

Cruinneachadh de 100 rosg-rann air an sgrìobhadh le làimh agus air an dèanamh de phòrsalan, a' comharrachadh àite is obair nam boireannach ann an ìomadh raon de bheatha na h-Alba.

### Seòmraichean nan Comataidhean

Tha na Comataidhean aig cridhe obair na Pàrlamaid. Nuair nach eilear gan cleachdadh leis na comataidhean, tha na seòmraichean seo gan cleachdadh gu tric airson choinneamhan agus is dòcha nach bi iad fosgailte dhan phoball.



### Seòmar-deasbaid

Bidh Buill Pàrlamaid na h-Alba a' coinneachadh an seo gus cùisean an latha a dheasbad agus co-dhùnaidhean a dhèanamh air laghan ùra. Faodaidh tu Gailearaidh a' Phobail fhaicinn nuair nach eilear ga chleachdadh.



### An Lorg-shuaicheantais

Samhla ùghdarras na Pàrlamaid, tha na faclan oirre "Bidh Pàrlamaid na h-Alba ann", leis a bheil Achd na h-Alba 1998 a' tòiseachadh.

### Deasg an Oifigeir Riaghlaidh

Bidh an t-Oifigeir Riaghlaidh no an Leas-oifigeir Riaghlaidh sa chathair aig deasbadan, a' dèanamh cinnteach gun tèid obair na Pàrlamaid a thoirt gu buil mar as còir.



### Tiogaidean poblach an-asgaidh

Bidh a' Phàrlamaid a' coinneachadh mar as trice Dimàirt, Diciadain is Diardaoin. Tha cothrom air tiogaidean an-asgaidh gus coimhead air deasbadan no comataidhean bho Dheasg an Fhiosrachaidh anns an Talla Mhòr.